



Bòrd na Gàidhlig

Aithisg air Riochdachadh Gnè

Achd Riochdachadh Gnè air Bùird Phoblach (Alba) 2018

Ro-ràdh

Chaidh an Achd Riochdachadh Gnè air Bùird Phoblach (Alba) 2018 gus cuideachadh ann a bhith a' dèiligeadh ris an fo-riochdachadh eachdraidheil agus leantainneach a tha air a bhith ann de boireannaich sa bheatha poblach. Tha boireannaich a' riochdachadh còrr air leth a' phobaill ann an Alba - faisg air 52%.

Tha Earrann 1 den Achd a' cur an cèill "amas riochdachaidh gnè" gur e boireannaich a bhios ann an 50% de bhuill neo-ghnìomhach a tha air bòrd. An uair a tha àireamh corra de bhuill neo-ghnìomhach air bòrd buinidh an t-amas seo ris a' chùis mar gum biodh aon bhall neo-ghnìomhach a dhìth air a' bhòrd. Tha bòrd le 50% no còrr de bhuill neo-ghnìomhach a tha nam boireannaich air an amas a choileanadh.

Tha Earrann 1 de Achd Riochdachadh Gnè air Bùird Phoblach (Alba) 2018 a' toirt cunntas air na h-ùghdarrasan poblach a tha fo riaghladh na h-Achd – tha seo a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig (BnG). Is e an Neach Cur an Gnìomh mar a tha air a mhìneachadh san stiùireadh reachdail mar a bhith an urra ri suidheachadh bhall air BnG: Ministearan na h-Alba.

Buill-bùird BnG mar aig 31 Màrt 2021.

Stiùirichean Neo-Ghnìomhach	6
Stiùirichean Neo-Ghnìomhach Boireann*	3

*Tha seo a' gabhail a-steach Cathraiche BnG

Dàta Trusaidh

Chaidh iomairt sanasachd agus trusaidh a dhèanamh airson Cathraiche a' Bhùird agus airson Buill Neo-ghnìomhach a' Bhùird ann an 2019. Tha geàrr-iomradh air na builean air am mìneachadh gu h-ìosal.

Dàta air a thairgse le sgioba Suidheachaidhean Poblach Riaghaltas na h-Alba.



	Buidheann Poblach	Tìotal na Dreuchd	Ceann-là sgrùdaidh	Cur an Gníomh	% de thagraidhean bho Bhoireannaich	Boireannaich air an cur an Dreuchd
Cathraiche	Bòrd na Gàidhlig	Cathraiche	Sult 19	2	50%	Tha
Suidheachadh 1 Bhall	Bòrd na Gàidhlig	Stiùiriche Neo-Ghniomhach	Sult 19	4	0%	Chan eil

Nochdaidh trì beàrnan airson Buill Bùird Neo-Ghniomhach mun Mhàrt 2022 a bhios a' cur feum air tuilleadh sanasachd agus iomairt trusaidh sa bhliadhna làithreach.

Bidh an iomairt seo a' gabhail a-steach ceumannan sònraichte gus barrachd bhoireannaich a thàladh chun a' Bhùird, a' gabhail a-steach taisbeanadh goirid air bhidio airson nam meadhanan sòisealta bho aon de na boireannaich a tha na ball den bhòrd agus gum bi fiosrachadh air a sgaoileadh le buill eile a tha a-cheana air a' bhòrd gu boireannaich aig am faodadh ùidh a bhith sna dreuchdan sin. Tha seo a thuilleadh air sanasachd coitcheann de na dreuchdan.

Ceannard
An Giblean 2021